



Rianachd Chunnartan is Poileasaidhean

Poileasaidh Dìon Dàta

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

An Ceann-latha air an d' fhuair e aonta	23.02.2018
Adhbhar	Gus laghan buntainneach a choileanadh a thaobh dàta pearsanta a tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail mu dhaoine fa leth, gus modhan-riaghlaidh iomlan ach reusanta a chur an sàs agus gus a' bhuidheann a dhìon bho na thachradh nam biodh i easbaidheach ann a bhith a' coileanadh a cuid dhleastanasan.
Geàrr-iomradh	Chithear sa phoileasaidh seo: dleastanasan is ceumannan gus dèanamh cinnteach gum bi dàta a tha Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean a' cumail tèarainte, agus adhbharan air am faodar dàta a chumail, agus fios air dè cho fad 's a dh'fhaodar a chumail, agus prìomh chunnartan air an comharrachadh.



Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidh Dìon Dàta

Rianadair Dàta (A' Bhuidheann)

Fèisean nan Gàidheal, Taigh a' Mhill, Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ
Àireamh Clàraidh le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh Z7084687

Raon-ùghdarrais a' phoileasaidh

Tha am poileasaidh seo a' gabhail a-steach an dàta/an fhiosrachaidh phearsanta uile a bhios a' bhuidheann a' làimhseachadh agus buinidh e ri:

- gach oifis agus oifigear aig Fèisean nan Gàidheal
- Buill a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal
- luchd-comhairleachaidh is luchd-rianachd a tha ag obair air an ceann fhèin a gheibh obair air chùmhnannt bho Fhèisean nan Gàidheal.

Nuair a tha Fèisean fa leth clàraichte le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, cha bhui clàradh Fèisean nan Gàidheal riuthasan, ach a-mhàin nuair a tha dàta coitcheann ann a th' aig an dà bhuidhinn. Faodaidh Fèisean a tha nam buill de FnG, nach eil clàraichte mar rianadairean dàta mu thràth, am poileasaidh seo a ghabhail os làimh no atharrachadh a rèir nam feumalachdan aca fhèin.

Adhbhar a' Phoileasaidh

'S e adhbhar a' phoileasaidh seo gun urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal:

- laghan buntainneach a choileanadh a thaobh an dàta a tha sinn a' cumail mu dhaoine fa leth
- deagh mhodhan-riaghlaidh a chur an sàs
- a' bhuidheann a dhìon bho na thachradh nam biodh i easbhaidheach ann a bhith a' coileanadh a cuid dhleastanasan.

Aithris air a' Phoileasaidh

Bho 25 Cèitean 2018, thèid an Riaghailt Choitcheann airson Dìon Dàta (RCDD) aig an Aonadh Eòrpach na lagh san Rìoghachd Aonaichte. Feumaidh a h-uile buidheann a dh'fheumas cumail ris an Achd Dìon Dàta 1998 (ADD) an-dràsta cumail ris an RCDD bhon cheann-latha sin.

Thèid an RCDD an àite an ADD, agus 's e a tha fa-near leis an riaghailt ùir an reachdas atharrachadh gus ealla a ghabhail ri teicneòlas ùr agus na dòighean ùra sam bi saoranaich a' gabhail gnothach ri agus a' conaltradh ri buidhnean.

Thathar an dùil gun toir Riaghaltas na RA Bile Dìon Dàta ùr a-steach agus thuir iad, aon uair 's gun tèid sin na lagh, gu bheil iad an dùil dèanamh cinnteach gum bi Breatainn fhathast a' cumail ri riatanasan an RCDD às dèidh Bhrexit.

Nì Fèisean nan Gàidheal na leanas:

- gabhaidh sinn ceumannan iomchaidh a thaobh teicneòlais is rianachd sa bhuidhinn agus bheir sinn taic do luchd-obrach agus luchd-obrach saor-thoileach a bhios a' làimhseachadh dàta pearsanta, los gun urrainn dhaibh obrachadh ann an dòigh mhisneachail, chunbhalach agus shoilleir gus an uiread dàta pearsanta a chruinnicheas sinn a lùghdachadh chun na h-ìre as lugha as urrainnear, agus nuair a tha e iomchaidh, gus dàta pearsanta fhàlach tro ainmean- no fiosrachadh-brèige (pseudonymising).
- cumaidh sinn sgrìobhainnean buntainneach mu obair a nithear ann a bhith a' làimhseachadh dàta
- nì sinn measaidhean-buaidhe a thaobh dìon dàta nuair a tha sin iomchaidh
- cuiridh sinn Oifigear Dìon Dàta an dreuchd gus am poileasaidh seo a thoirt gu aire dhaoine sa bhuidhinn agus airson taic a thoirt do dhaoine le bhith ga choileanadh.

Geàrr-chunntas air an Riaghailt Choitcheann airson Dìon Dàta (RCDD)

Tha tòrr de na beachdan is prionnsapalan san RCDD an aon rud ris an fheadhainn san ADD, ach tha cumhachan ùra is leasachaidhean nach beag ann.

Fon RCDD tha na còraichean a leanas aig daoine:

- A' chòir aca air fios a bhith aca air na tha tachairt, a tha a' gabhail a-steach dleastanas a th' oirne 'fiosrachadh a thoirt seachad air mar a chleachdar fiosrachadh gu cothromach', mar as trice tro Fhiosrachadh mu Phrìobhaideachd. Tha an cumha seo a' cur cuideam air soilleireachd a thaobh mar a chleachdas sinn dàta pearsanta.

2. A' chòir aca air cothrom fhaotainn air an dàta, seo a' chòir aig daoine fa leth gus cothrom fhaotainn air an dàta phearsanta aca agus fiosrachadh eile co-cheangailte riutha. Bidh seo, mar as trice, an-asgaidh agus thèid an ceann-latha airson a thoirt seachad a lùghdachadh bho 40 latha gu mìos. Bidh e ceadaichte dhuinn cosgais iarraidh ma dh'iarraas neach am fiosrachadh seo grunn thursan agus faodaidh sinn iarrtasan mì-reusanta a dhiùltadh.
3. A' chòir aca air fiosrachadh a cheartachadh a leigeas le daoine iarraidh oirnn an dàta pearsanta aca a cheartachadh ma tha e ceàrr no ma tha fiosrachadh a dhìth. Fon ADD bhiodh na cùrtean a' dèiligeadh ri seo. Fon RCDD, bidh Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh a' dèanamh cinnteach gum bi a' chòir seo aig daoine.
4. A' chòir aca gus fiosrachadh a dhubhadh às, cuideachd leis an ainm 'a' chòir a bhith air mo dhìochuimhneachadh', far am faod neach iarraidh oirnn dàta pearsanta a dhubhadh às no a thoirt às nuair nach eil adhbhar riatanach againn a chumail is a làimhseachadh tuilleadh.
5. A' chòir aca air bacadh a chur air mar a thèid fiosrachadh a chleachdadh, far an urrainn do dhaoine 'stad' no bacadh a chur oirnn bho bhith a' làimhseachadh dàta pearsanta. Nuair a tha bacadh air cleachdadh dàta, faodaidh sinn an dàta pearsanta a stòradh, ach chan fhaod sinn a chleachdadh tuilleadh.
6. A' chòir aca air an dàta aca fhaotainn is a ghluasad gun bhacadh, a leigeas le daoine an dàta pearsanta aca fhaotainn agus a chleachdadh a-rithist airson nan adhbharan aca fhèin thar dhiofar sheirbheisean, far an tèid dàta a chleachdadh le siostaman fèin-obrachail.
7. A' chòir aca cur an aghaidh mar a thèid an dàta aca a chleachdadh, far am faod daoine cur an aghaidh mar a thathar a' cleachdadh an dàta aca air adhbharan dligheach.
8. Còraichean co-cheangailte ri co-dhùnaidhean fèin-dhèanta, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean dàta fèin-obrachail

Fon RCDD bu chòir dàta pearsanta sam bith:

- A chleachdadh airson adhbharan ainmichte, follaiseach agus dligheach a-mhàin
- A chleachdadh ann an dòigh chothromach, laghail agus soilleir
- A bhith buntainneach, agus bu chòir dìreach na dh'fheumas a bhith ann gun chus
- A bhith neo-mhearachdach is air ùrachadh
- A chumail dìreach cho fad 's a dh'fheumar nuair a tha na daoine ris am buin an dàta ainmichte
- A chleachdadh gu tèarainte agus a dhion bho chall, sgrios no milleadh a dh'fhaodadh èirigh ri linn tubaist.

Na h-adhbharan air am faodar dàta pearsanta a chumail

Faodar dàta pearsanta mu luchd-obrach a chruinneachadh gu h-àraidh airson nan adhbharan a leanas:

- fastadh, àrdachadh dreuchd, trèanadh, gluasad gu dreuchd eile, agus/no leasachadh dreuchdail
- rianachd is pàigheadh thuarastalan agus pàigheadh euslaintè
- ag obrachadh shochairan a-mach, nam measg peinnseanan
- adhbharan smachdachaidh no a' riaghladh ìrean-coileanaidh
- a' measadh ìrean-coileanaidh
- a' clàradh conaltradh le luchd-obrach agus na riochdairean aca
- a' cumail ri reachdas
- a' toirt teisteanas seachad do bhuidhnean ionmhasail, gus faighinn air cùrsaichean foghlaim agus/no gus daoine a chuideachadh a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-fastaidh ùra dhaibh; agus
- àireamhan luchd-obrach agus planadh dreuchdail

Tha a' bhuidheann den bheachd gum faodar an seòrsa dàta pearsanta a leanas a chumail airson nan adhbharan ainmichte gu h-àrd:

- fiosrachadh pearsanta a' gabhail a-steach ainm, seòladh, aois, suidheachadh pòsaidh agus teisteanasan foghlaim. Nuair a tha siostaman sgrùdaidh sònraichte ann, 's dòcha gum bi e iomchaidh fiosrachadh iarraidh mu fhreumhan cinneachail agus nàiseantachd dhaoine
- teisteanasan agus Cunntas-beatha
- fiosrachadh conaltraidh an neach gun cuirear fios ma dh'èireas cùis èiginn
- notaichean air còmhraidhean eadar manaidsèaran agus an neach-obrach
- measaidhean agus sgrìobhainnean co-cheangailte ri gearanan, smachdachadh, àrdachadh dreuchd, ìsleachadh dreuchd, no a' cur crìoch air cùmhnant obrach
- clàran mu thrèanadh
- tuarastal, sochairan agus fiosrachadh banca/comainn thogalach
- fiosrachadh mu ghreisean far obair no dheth ri linn tinneis
- fiosrachadh mu pheinnseanan

Thèid innse do luchd-obrach, ann an Leabhran an Luchd-obrach, mu chùisean co-cheangailte ri dìon dàta, agus mu na còraichean aca gus cothrom fhaotainn air an dàta phearsanta aca. Thèid innse do luchd-obrach, no daoine a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-obrach, mu dè an dàta pearsanta a fhuaras no a tha air a chumail, cò às a thàinig e, agus na h-adhbharan a thèid an dàta pearsanta a chleachdadh math dh'fhaodte, no cò dha a dh'fhaodadh e a bhith air a shealltainn. Nì a' bhuidheann ath-sgrùdadh gu cunbhalach air an t-seòrsa fiosrachaidh a thathar a' cruinneachadh

agus a' cumail airson dèanamh cinnteach gu bheil adhbhar math ann a thaobh obair na buidhne am fiosrachadh sin a chumail.

A' Gleidheadh Chlàran

Tha a' bhuidheann a' cumail ris na greisean gleidhidh a tha Coimiseanair an Fhiosrachaidh a' moladh sa Chòd Dìon Dàta airson Modhan-obrach Luchd-fastaidh. Chithear iad sin gu h-ìosal, agus cumaidh sinn riutha mura h-eil suidheachadh gnothachais ann a tha ag iarraidh ùine nas fhaide.

Seòrsa Dàta	Ùine Gleidhidh
Foirm-iarrtais	Cho fad 's a tha neach san dreuchd
Teisteanasan pearsanta a fhuaras	1 bliadhna
Fiosrachadh mun chlàr-phàighidh is cìsean	6 bliadhna
Clàran luchd-obrach	6 bliadhna
Clàran co-cheangailte ri tubaist no leòn a thachair aig obair	3 bliadhna bhon chlàr mu dheireadh san leabhar-thubaistean

Feumaidh manaidsearan dèanamh cinnteach gun tèid innse don Oifigear Dìon Dàta mu atharraichean sna dòighean sa bheil iad a' cleachdadh dàta pearsanta a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an aithris a nì a' bhuidheann do dh'Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh.

Prìomh Chunnart

Tha Fèisean nan Gàidheal air suidheachaidhean far an tig bristeachd air tèarainteachd dàta pearsanta a chomharrachadh mar phrìomh chunnart a dh'fhaodadh èirigh, agus am poileasaidh seo air a dhealbh gus an cunnart sin a lùghdachadh. 'S e a th' ann am bristeachd air tèarainteachd dàta pearsanta suidheachadh far a bheil dàta pearsanta air a sgrios, a chall, atharrachadh, no air fhoillseachadh no air a thoirt seachad gun chead agus sin gun fhiosta no ri linn ghnìomhan laghail.

Faodaidh bristeachd air tèarainteachd dàta pearsanta a bhith a' gabhail a-steach:

- Neach eile a' faighinn cothrom air an dàta gun chead
- Gnìomhan a dh'aona-ghnothach no gun fhiosta a nì (no nach dèan) an rianadair no neach-làimhseachaidh dàta
- A' cur dàta pearsanta chun an neach cheàrr
- Ma thèid uidheamachd coimpiutaireachd a chall no a ghoid air a bheil dàta pearsanta
- Ag atharrachadh dàta pearsanta gun chead
- Mura h-eil dàta pearsanta ri fhaotainn tuilleadh

FEUMaidh Fèisean nan Gàidheal innse do dh'Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh (OCF) mu bhristeachd sam bith air am bu chòir aithris a dhèanamh gun dàil, agus aig a' char as fhaide 72 uairean a thide às dèidh dhaibh faighinn a-mach mu dheidhinn. Tha cumhachdan aig OCF far an urrainn dhaibh càintean luach suas ri €20 millean no 4% de theachd-a-steach na buidhne a chur air buidheann.

Tèarainteachd

Chan ionann tèarainteachd agus dìomhaireachd. Tha dìomhaireachd a' buntainn ris an uiread fiosrachaidh a dh'fhaodar a sgaoileadh. Tha tèarainteachd a' gleidheadh nan ìrean dìomhaireachd.

Nì Fèisean nan Gàidheal na leanas:

- Nì sinn measaidhean-cunnairt gach bliadhna air siostaman dàta agus dèiligidh sinn ri cunnartan sam bith a thèid a chomharrachadh
- Nì sinn cinnteach gu bheil ar siostaman tèarainteachd air an ùrachadh (mar eisimpleir, le goireasan-dìona is le teicneòlais inchrioptaidh)
- Nì sinn cinnteach nach fhaigh ach na daoine a dh'fheumas cothrom air dàta pearsanta
- Gheibh luchd-obrach trèanadh ann an tèarainteachd dàta
- Bheir sinn sùil as ùr air tèarainteachd dàta gu cunbhalach

Dleastanasan

Buill a' Bhùird Stiùiridh

Tha am Bòrd Stiùiridh a' gabhail ris gur ann orrasan a tha an t-uallach iomlan airson dèanamh cinnteach gun coilean Fèisean nan Gàidheal na dleastanasan laghail aca.

An t-Oifigear Dìon Dàta

Tha na dleastanasan a leanas air an Oifigear Dìon Dàta:

- A' mìneachadh don Bhòrd Stiùiridh mu dhleastanasan Dìon Dàta
- A' dèanamh ath-sgrùdadh air poileasaidhean Dìon Dàta agus poileasaidhean co-cheangailte
- A' toirt comhairle do luchd-obrach eile mu chùisean Dìon Dàta
- A' dèanamh cinnteach gun tèid cùrsaichean inntrigidh agus trèanaidh a chumail airson Dìon Dàta
- A' cur fios mu bhristeadh sam bith air tèarainteachd dàta

Dleastanasan Sònraichte aig Luchd-obrach Eile

Faodaidh an Ceannard, Manaidsear Gnìomha, Manaidsear Leasachaidh agus Manaidsear Fèisgoil:

- Dèiligeadh ri Iarrtas bho Neach airson am Fiosrachaidh Fhèin (INFF)
- Aontachadh ri dàta pearsanta fhoillseachadh air adhbharan neo-àbhaisteach no connspaideach

Feumaidh a h-uile neach-obrach poileasaidhean agus modhan-obrach, co-cheangailte ri dàta pearsanta a dh'fhaodadh iad làimhseachadh nan obair, a leughadh, a thuigsinn agus gabhail riutha. Bu chòir cuimhneachadh gun tèid dàta a thèid a làimhseachadh tron sgeama airson Daoine fo Dhìon Sònraichte (DDS) a ghleidheadh fa leth bho dhàta eile agus chan fhaod ach an Neach-cruinneachaidh is an Ceannard cothrom fhaotainn air na clàran foillseachaidh co-cheangailte ris an sgeama sin.

Nuair a ghabhas Fèisean am poileasaidh seo os làimh, no ma dh'atharraicheas iad e, bidh gach Comataidh Fèise a' gabhail uallach an uair sin airson a bhith a' cumail ris a' phoileasaidh seo.

Ga Chur an Gnìomh

Ma thèid riaghailtean a' phoileasaidh seo a bhristeadh ann an seagh cudromach, agus ma tha e iomchaidh, thèid modhan-smachdachaidh Fèisean nan Gàidheal a chur an sàs gus dèiligeadh ri sin. Tha e mar chumha cosnadh do luchd-obrach a bhith a' cumail ris a' phoileasaidh seo, agus ma bhristeas iad e a dh'aona-ghnothach, thèid cùis-smachd a thogail nan aghaidh agus dh'fhaodadh gun caill iad an obair no gun tèid cùis lagha a thogail nan aghaidh ri linn sin.

Stiùireadh

Gheibhear tuilleadh stiùiridh air làimhseachadh dàta, a' gabhail a-steach eisimpleirean de dheagh mhodhan-obrach is fiosrachadh mu phrìobhaideachd agus goireasan feumail eile, aig feisean.org/en/policies.